

Litir do Luchd-Ionnsachaidh le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk **

An cuala sibh a-riamh an seanfhacal ‘*Is fheàrr a’ bhloigh bheag le beannachd na a’ bhloigh mhòr le mollachd*’? Canaidh mi a-rithist e: *Is fheàrr a’ bhloigh bheag le beannachd na a’ bhloigh mhòr le mollachd*. ’S dòcha nach eil sibh eòlach air na faclan sin gu lèir. ’S e a th’ ann am ‘bloigh’ bìdeag de rudeigin. Bidh fios agaibh dè th’ ann am ‘beannachd’. Agus ’s e a th’ ann am ‘mollachd’ – no ‘mallachd’ ann an cuid de sgìrean – rud a tha calg-dhireach an aghaidh beannachd – *a curse*.

Ged is ann mar sin a chluinnear an seanfhacal mar as trice, bidh e a’ nochdadh uaireannan ann an seann sgeulachdan mar: *Is fheàrr am bonnach beag leis a’ bheannachd nam bonnach mòr leis a’ mhollachd*. ’S e a th’ ann am ‘bonnach’ – nàdar de chèic bheag a bh’ air a dèanamh, anns an t-seann aimsir co-dhiù, le min-choirce no min-eòrna.

Anns na seann stòiridhean, tha an seanfhacal seo mar as trice a’ nochdadh an toiseach mar cheist aig màthair do ghille aice, agus e a’ fàgail an taighe airson a dhol a dh’iarraidh fhortain. Uaireannan ’s e an nighean aice a tha a’ falbh a dh’iarraidh a fortain. Ach co-dhiù, canaidh sinn gur e gille a th’ ann.

Bidh a màthair a’ tabhann biadh dha, agus i ag ràdh ris, ‘Dè b’ fheàrr leat – bonnach beag le beannachd no bonnach mòr le mollachd?’ Ann an cuid de na stòiridhean, bidh a’ chiad ghille a dh’fhàgas an taigh ag ràdh, “O, gabhaidh mis’ am bonnach mòr eadhon ma thig e le mollachd.’ Tha e sanntach is chan eil e glic. Agus cha tèid gnothaichean gu math dha air an t-saoghal a-muigh.

Uaireannan bidh dàrna mac ann agus bidh an dearbh cheist ga cur airson le màthair: ‘Dè b’ fheàrr leat – bonnach beag le beannachd no bonnach mòr le mollachd?’ Freagraidh e anns an dearbh dhòigh, gum b’ fheàrr leis am bonnach mòr fiù ’s ged a bhios mollachd mhòr na chois. Agus, mar an ceudna, chan eil cùisean a’ dol gu math dha.

An uair sin thig an treas mac, agus e deiseil airson an taigh fhàgail. Cuiridh a màthair an dearbh cheist airson ach tha esan nas glìce agus ’s e an fhreagairt a th’ aige gun gabh e am bonnach beag le beannachd. Agus, leis gu bheil e a’ fàgail an taigh aige le beannachd, ged nach eil mòran bìdh aige, tha cùisean a’ dol gu math dha.

Tuigidh sibh an smuain a th’ air cùl an t-seanfhaicail agus tuigidh sibh, ma-thà, mar a bha mi a’ meòmhrachadh air an t-seachdain sa chaidh nuair a dh’fhoillsich am ball pàrlamaid Albannach, Mìcheal Ruiseal, am bile aige airson còraichean a thoirt don Ghàidhlig. Tha e airson còraichean a thoirt dhi air a’ Ghaidhealtachd a-mhàin anns a’ chiad dol a-mach, leis gu bheil e dhen bheachd nach fhaigheadh e taic gu leòr anns a’ Phàrlamaid nan robh am bile a’ buntainn air Alba air fad. ’S dòcha gum biodh beannachd aige airson còraichean na Gàidhlig a sheasamh air a’ Ghaidhealtachd, ach gheibheadh e mollachd airson a leithid iarraidh anns an dùthaich gu lèir.

Ach tha mòran Ghaidheal an aghaidh sgaradh a dhaingneachadh anns an dòigh sin eadar Gaidhealtachd agus Galldachd an là an-diugh. Agus b’ fheàrr leothasan am bile a chur an dàrna taobh gus am bi fear ann airson Alba air fad. Dè ur beachd fhèin air a’ chùis? Am b’

fheàrr leibh fhèin bloigh bheag le beannachd no bloigh mhòr le mollachd? No, ann an cùisean mar sin, am b' fheàrr dhuinn dìreach na seanfhaclan fhèin a chur an dàrna taobh?

* * *

Faclan na seachdainne: bìdeag: *a small piece, fragment*; beannachd: *blessing*; mollachd, mallachd: *curse*; sanntach: *greedy*; a' meòmhrachadh air: *contemplating*; Micheal Ruiseal: *Michael Russell*.

Abairtean na seachdainne: nàdar de chèic bheag a bh' air a dèanamh le min-choirce no min-eòrna: *a type of small cake that was made with oat flour or barley flour*; airson a dhol a dh'iarraidh fhortain: *to go and seek his fortune*; 's e an nighean aice a tha a' falbh a dh'iarraidh a fortain: *it's her daughter that is leaving to seek her fortune*; dè (a) b' fheàrr leat?: *what would you prefer?*; bidh a' chiad ghille a dh'fhàgas an taigh ag ràdh: *the first lad who leaves the house will say*; eadhon ma thig e le mollachd: *even if it comes with a curse*; cha tèid gnothaichean gu math dha: *things will not go well for him*; fiù 's ged a bhios mollachd mhòr na chois: *even if a big curse comes along with it*; ged nach eil mòran bìdh aige: *although he doesn't have much food*; tuigidh sibh an smuain: *you will understand the thought*; am bile aige airson còraichean a thoirt don Ghàidhlig: *his bill to give rights to Gaelic*; nach fhaigheadh e taic gu leòr anns a' Phàrlamaid: *that he wouldn't get enough support in the Parliament*; airson còraichean na Gàidhlig a sheasamh air a' Ghaidhealtachd: *to stand up for the rights of Gaelic in the Gaidhealtachd*; tha mòran Ghaidheal an aghaidh sgaradh a dhaingneachadh eadar X is Y: *many Gaels are against the strengthening and confirmation of a divide between X and Y*; am b' fheàrr dhuinn dìreach na seanfhaclan fhèin a chur an dàrna taobh?: *would we be better just to discard the proverbs themselves?*

Puing-ghràmair na seachdainne: bidh an dearbh cheist ga cur airsan le mhàthair: *the same question is asked him ('put on him') by his mother. Can you explain why, in this passive form, we say 'ga cur' and not 'ga chur'? It is because ceist is a feminine word and the 'ga' contains the feminine possessive pronoun which does not lenite the associated noun (eg a cù, her dog cf a chù, his dog). We might say of a singular masculine object, eg isean – bha e ga chur air ais anns an nead. This form should be used sparingly – for example, in the last example we would be more likely to say chaidh a chur air ais anns an nead or bha e air a chur air ais anns an nead. But it can be useful at times. Here are some other examples. Bidh mi gam thredrachadh tron choille leis a' chù agam (I will be led through the forest by my dog); bha na longan gan càradh aig a' chala (the ships were being mended at the harbour); bha sibh gur mealladh leis a' bhodach sin (you were being deceived by that old man). In these last two examples, the structure expresses the feeling that the activity was not instantaneous ie the mending of the ships and the deception by the old man took place over a period. A more finite activity would be expressed with chaidh na longan a chàradh or bha na longan air an càradh; chaidh ur mealladh or bha sibh air ur mealladh.*

Seanfhacal na seachdainne: Is fheàrr a' bhloigh bheag le beannachd na a' bhloigh mhòr le mollachd: *the little thing with a blessing is better than the large one with a curse.*

* “*Litir do Luchd-Ionnsachaidh*” is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig